



**beatha le
buaidh**





**beatha le
buaidh**

DIANA, BAMA-PHREONNSA NA CUMRIGH



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-71-2



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride MacMilemhaoil.

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh

Bha dùil aig Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh gum biodh i toilichte gu bràth nuair a phòs i Am Prionnsa Teàrlach. Phòs iad ann an Àrd-eaglais Naoimh Pòl ann an Lunnainn as t-samhradh 1981. Bha farmad aig mòran rithe oir b' e bana-phrionnsa a bha innite: bha i cho leòmach agus cho brèagha. Ach, cha do mhair am pòsadh sin agus dhealaich i fhèin agus am Prionnsa Teàrlach. An dèidh sin bha i a' dèanamh barrachd obair carthannais agus bha i air tè dhe na daoine a b' ainmeile agus a bu chliùitiche anns an t-saoghal.

Com eadar tonn
DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



Com oiseach linn

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Gealladh-pòsaidh

Cha robh A' Bhaintighearna Diana Frances Spencer ach 19 nuair a thàinig i gu aire an t-sluaigh an toiseach. B'e An t-Iarla Spencer an tiotal a bha aig a h-athair. Ach ged a b'e uaislean a bha anns an teaghlaich, cha tòanig i mu choinneimh a' mhòr-shluagh gus an deach innse gun robh i fhèin agus am Prionnsa Teàrlach air gealladh-pòsaidh a thoirt seachad. Bha Diana agus Teàrlach air an dòigh – gu dearbha thuirt Teàrlach nach b' urrainn dha a chreidsinn gun robh Diana deònach a phòsadh.

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Pòsadh Rioghail

B' ann air an 29mh dhen Iuchar, 1981 a bha fear dhe na pòsaidhean Rioghail a b' ainmeile a-riamh. Bha còrr air 600,000 duine air sràidean Lunnainn gus am faiceadh iad sealladh de Diana agus i air a slighe gu ruige Àrd-eaglais Naoimh Pòl. Bha còrr air 750 millean neach air feadh an t-saoghal a' coimhead a' phòsaidh air an telebhisean. Fiù 's nach deach latha-saor a ghairm ann am Breatainn gus am biodh cothrom aig barrachd dhaoine coimhead Teàrlach agus Diana a' toirt am bòidean dha chèile agus nochdadh mar a' Phrionnsa agus Bana-Phrionnsa na Cuimrigh.

Còm eadar doimhne?

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



NA CUIMRIGH

DIANA, BANAPHRIONNSA



© JP Laffont/Sygma/CORBIS

Com o amor deles

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



Com oiseachan turas

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Bliadhna sona

Ann an taobh a-staigh bliadhna an dèidh a' phòsaidh bha pàiste aig Diana agus Teàrlach. Rugadh am Prionnsa Uilleam anns an Ògmhios 1982 agus dà bhliadhna an dèidh sin rugadh an dàrna mac aca, Harry. Ann an 1985, chaidh Teàrlach agus Diana air turas dha na Stàitean Aonaichte agus chaidh na h-Aimeireaganaich às an rian gus sealladh fhaighinn dhiubh – gu h-àraid de Diana. A bharrachd air a bhith a' coinneachadh ri daoine mar thu fhèin is mi fhìn, bha i a' dannsa còmhla ri daoine ainmeil leithid John Travolta agus bha e a' còrdadh rithe fhèin a bhith am measg nan daoine ainmeil.

Beireadh a' phòsaidh

Ach bha duilgheadasan eadar Teàrlach agus Diana agus cha robh Diana toilichte. Chaidh leabhar a sgriobhadh mu deidhinn far an robh e air aithris gun robh i uabhasach mì-thoilichte, agus an ath bhliadhna, ann an 1992, chaidh innse gun robh Teàrlach agus Diana a' dol a sgaradh. Anns an Lùnastal 1996, fhuair iad sgaradh-pòsaidh agus chaidh tiotal ùr a thoirt do Diana. Bhon latha sin, b' e Diana, Bana-phrionnsa na Cuimrigh a bha daoine a' gabhail oirre.

14

15

Dreuchd ùr

Bha Diana a' toirt taic do bhuidhnean carthannais bho meadhan na h-ochedadan mar phàirt dha dreuchd Bana-Phrionnsa Rioghail na Cuimrigh. Lean i oirre le sin an dèidh dhi dealachadh bho Theàrlach. Bha i gu h-àraig a' toirt taic dhaibhsan a bha a' fulang le HIV agus AIDS. Cuideachd, bha i an sàs ann an iomairt an aghaidh mhèinean-talmhainn. Bha i air aire an t-saoghal a tharraing gu daoine a bha a' fulang.

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



15



16

Cuimhrigh

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Tubaist rathaid

Air an 31mh dhen Lùnastal 1997, bha Diana, Bana-phrionna sa Cuimrigh ann am Paris còmhla ris an leannan ùr aice, Dodi Fayed. Bha e anmoch air an oidhche agus bha iad a' feuchainn air teicheadh air falbh bho dhaoine a bha gan leantainn gus an dealbhan a thogail. Bha an càr a' dol ro luath agus bha tubaist ann. Bhàsaich an draibhear agus Dodi Fayed anns a' bhad ach chaidh Diana a thoirt dhan ospadal ann am Paris far an robh dotairean a' feuchainn ri a cumail beò. Aig trì uairean sa mhadainn, chaidh innse gun robh Diana air bàsachadh cuideachd.



DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH

A Dileab

Tha cuimhne aig mòran fhathast air an deagh obair a bha Diana a' dèanamh agus airson cho coibhneil agus cho brèagha 's a bha i. Chaidh buidheann carthannais a stèidheachadh gus an obair a bha i a' dèanamh a chumail a' dol an dèidh a bàis. Tha am buidheann sin air milleanan de dhaoine a chuideachadh air feadh an t-saoghal agus tha iad a' cumail beatha Diana ann an cuimhne an t-sluaigh.

CORRIDOR TO THE CROWN

DIANA, BANA-PHRIONNSA NA CUIMRIGH



Cò i?

Latha Breith

01/07/1961



Cò às a bha i?

Siorrachd Northampton, Sasainn

Dè an obair a bh' aice?

Neach-cùraim chloinne

Cò a phòs i?

Am Prionnsa Teàrlach

Cò ris a bha i coltach?

Bàn, brèagha, leòmach

Obair eile

Obair carthannais

Bàs

Tubaist rathaid ann am Paris.

Aois nuair a chaochail i.